

## Duaisean nan Sgrìobhadairean Ùra 2021

Comhairle nan Leabhraichean ann an co-bhuinn ri Urras Leabhraichean na h-Alba

### CLÀR-IARRTAIS: SGRÌOBHADH GÀIDHLIG

Ceann-latha: 12.00f, Diciadain 8 Iuchar 2020

Ma tha ceistean sam bith agaibh mu na Duaisean seo, cuiribh brath gu [mairi@gaelicbooks.org](mailto:mairi@gaelicbooks.org).

#### Bu chòir na leanas a bhith an lùib an tagraidh agaibh (anns am foirm gu h-ìseal):

- Fiosrachadh pearsanta.
- Cunntas pearsanta (suas ri 800 facal).
- Iomradh air **eòlas sgrìobhaidh** buntainneach (suas ri aon duilleag A4).
- Fiosrachadh bho **teistiche**. Bhiodh e feumail nam biodh eòlas sònraichte aig an neach seo air ur n-obair (m.e. sgrìobhadair, oide ann an sgrìobhadh cruthachail, sgrùdair, foillsichear no neach-deasachaidh). Cha tèid brath a chur chun an teistiche ach ma bhios fiosrachadh a bharrachd a dhìth air buill a' phannail.
- **Eisimpleir** de ur cuid sgrìobhaidh – **suas ri 3,500 facal** (mu 15 duilleag). Faodaidh e a bhith air a tharraing bho sgeulachdan goirid no pìos sgrìobhaidh (nobhail no rosg) nas fhaide. A thaobh bàrdachd, cuiribh a-steach **suas ri 10 pìosan bàrdachd** (gun a bhith nas fhaide na 10 duilleagan uile-gu-lèir). Faicibh tuilleadh fiosrachaidh fon cheann '**Eisimpleir Sgrìobhaidh**' aig deireadh a' chlàir seo.
- Ma tha an t-eisimpleir air a tharraing bho pìos sgrìobhaidh nas fhaide, cuiribh **geàrr-iomradh** na chois. Cha bu chòir dhan gheàrr-iomradh a bhith nas fhaide na **500 facal** (mu aon duilleag A4).

#### Fiosrachadh do thagraichean:

- Dèanaibh cinnteach gu bheil sibh air na **slatan-tomhais airidheachd** (foillsichte air làrach-lìn Chomhairle nan Leabhraichean) a leughadh gu cùramach. Cha tèid beachdachadh air tagraichean aig nach eil airidheachd.
- Dèanaibh cinnteach gu bheil sibh air an stiùireadh a thaobh **eisimpleir sgrìobhaidh** (air an duilleig mu dheireadh dhen fhoirm seo) a leughadh gu cùramach.
- Na cuiribh thugainn ach am fiosrachadh a tha air iarraidh. Cha tèid beachdachadh air fiosrachadh a bharrachd idir.
- Bu chòir iarrtasan a chur air post-d gu [mairi@gaelicbooks.org](mailto:mairi@gaelicbooks.org). Cuiribh 'Duaisean nan Sgrìobhadairean Ùra/Gaelic New Writers Awards' agus ur n-ainm mar chuspair a' phuist-d.
- Feumaidh tagraidhean ruighinn ro 12.00f air **Diciadain 8 Iuchar 2020**. Cha tèid beachdachadh air iarrtasan a bhios fadalach.
- Bu chòir do thagraidhean a bhith ann an **aon** phost-d leis am fiosrachadh iomchaidh ceangailte ann an cruth Word (.doc, .docx, .rtf, .txt). Cha bu chòir cruth PDF a chleachdadh idir.

- Thèid fios a sgaoileadh air post-d anns a' chiad àite gu tagraichean soirbheachail, agus air fòn no le litir an dèidh làimh mura faigh sinn freagairt. Thèid fios a chur air post-d gu tagraichean neo-shoirbheachail. Mura cluinn sibh bhuainn ro 31 Dùbhlachd 2020 bidh fios agaibh nach do shoirbhich leibh, ach tha sinn an dùil brath a sgaoileadh ron an uair sin.
- Cha tèid deasbad a dhèanamh co-cheangailte ri tagraidhean neo-shoirbheachail.
- Ma tha feumalachdan sònraichte agaibh a thaobh ruigsinneachd, cuiribh fios thugainn agus nì sinn ar dìcheall taic a thoirt dhuibh.

**Feumaidh tagraidhean ruighinn ro 12.00f air Diciadain 8 Iuchar 2020. Cha tèid beachdachadh air tagraidhean a thig a-steach às dèidh a' chinn-latha.**

## FIOSRACHADH PEARSANTA

Ciad ainm/ean	
Sloinneadh	
Ainm-pinn *  (*airson cothromachd aig ìre mheasaidh, bidh ainmean nan tagraichean air fad air an cumail dìomhair bhon phannal. Mar sin, taghaibh ainm-pinn a thèid a chleachdadh an àite ur n-ainm fìor aig àm-measaidh a-mhàin.)	
Seòladh	
Còd Postachd	
Àireamh fòn-làimhe no dachaigh	
Seòladh puist-d	
Ciamar a chuala sibh mu Dhuaisean nan Sgrìobhadairean Ùra?	
A bheil sibh airson fiosrachadh fhaighinn mu chothroman a tha rim faotainn tro Chomhairle nan Leabhraichean (cha toir Comhairle nan Leabhraichean fiosrachadh mur deidhinn seachad do neach/buidheann sam bith eile)?	Tha/Chan eil
A bheil sibh airson fiosrachadh fhaighinn mu chothroman a tha rim faotainn tro Urras Leabhraichean na h-Alba (cha toir Urras Leabhraichean na h-Alba fiosrachadh mur deidhinn seachad do neach/buidheann sam bith eile)?	Tha/Chan eil



COMHAIRLE NAN  
LEABHRAICHEAN  
THE GAELIC BOOKS COUNCIL



**Cunntas Pearsanta** (suas ri 800 facal)

Innsibh dhuinn mu na h-adhbharan a bu chòir beachdachadh oirbh airson Duaisean nan Sgrìobhadairean Ùra, agus mu na dòighean anns an cuidicheadh an duais ur leasachadh mar sgrìobhadair.

**Eòlas sgrìobhaidh** (suas ri aon duilleag A4)

**Eisimpleirean:** cùrsaichean, bùithtean-obrach, cothroman leasachaidh proifeiseanta, obair foillsichte, obair crìochnaichte no fhathast a' dol air adhart, duaisean sgrìobhaidh, fèisean/ tachartasan litreachais/ leughaidhean poblach anns an do ghabh sibh pàirt.

Thoiribh prìomhachas dhan eòlas as buntainniche agus as ùire agaibh.

## Fiosrachadh mun Teistiche

<b>Ainm</b>	
<b>Eòlas air an tagraiche</b>	
<b>Seòladh</b>	
<b>Àireamh fòn</b>	
<b>Seòladh puist-dealain</b>	

### Aithris bho teistiche

Eisimpleir: sgrìobhadair, neach-teagaisg, oide ann an sgrìobhadh cruthachail, sgrùdair, foillsichear no neach-deasachaidh aig a bheil eòlas air ur cuid sgrìobhaidh.

Faodar seo a chur an cois ur tagraidh gu h-ìseal no faodaidh an teistiche a chur dìreach gu Màiri NicCumhais (Comhairle nan Leabhraichean), ach feumaidh e ruighinn ron a' cheann-latha agus le ur n-ainm-se sgrìobhte air gu soilleir.

## Eisimpleir Sgrìobhaidh

Cuiribh na leanas an cois an tagraidh:

- **Eisimpleir de ur cuid sgrìobhaidh (le tìotal)**

Ficsean/neo-fhicsean - Cha bu chòir dhan eisimpleir a bhith nas fhaide na **3,500 facal** agus faodaidh sibh sgeulachd(an) goirid no pìos sgrìobhaidh (nobhail no rosg) nas fhaide a chleachdadh. Faodaidh an earrann a bhith air a tarraing bho àite sam bith sa phìos sgrìobhaidh – cha leig sibh a leas a' chiad 3,500 facal a chleachdadh. Faodaidh sibh earrann a thaghadh bho phìos sgrìobhaidh chrìochnaichte no bho obair a tha fhathast ga leasachadh.

Bàrdachd - Cuiribh a-steach **suas ri 10 pìosan bàrdachd** (gun a bhith nas fhaide na 10 duilleagan uile-gu-lèir).

*\*\* Cuiribh a-steach eisimpleir de sgrìobhadh ficsean/neo-fhicsean no bàrdachd. Na cuiribh measgachadh dhen dà sheòrsa. Bu chòir eisimpleir a chur a-steach dhen t-seòrsa sgrìobhaidh dham biodh sibh ag iarraidh taic. \*\**

- **Geàrr-iomradh** – Feumte geàrr-iomradh ma tha sibh a' cur a-steach earrann de phìos sgrìobhaidh nas fhaide, m.e. rosg no nobhail. Cha bu chòir dhan gheàrr-iomradh a bhith nas fhaide na **500 facal**. Tha an geàrr-iomradh a thuilleadh air ur n-eisimpleir sgrìobhaidh (cha tèid a chunntais mar phàirt dhen eisimpleir agaibh).

- **Feumaidh na leanas a bhith san eisimpleir sgrìobhaidh:**

- Ur n-ainm-pinn (chan e ur n-ainm fìor) air a h-uile duilleag
- Àireamhan air na duilleagan
- Clò Arial air mheud 12, agus eisimpleirean rosg air an sgrìobhadh le beàrnan dùbailte eadar na loidhnichean. Faodaidh bàrdachd a bhith sgrìobhte le beàrnan singilte.

Ma bhios ceistean agaibh, cuiribh brath gu Màiri NicCumhais, Comhairle nan Leabhraichean aig: [mairi@gaelicbooks.org](mailto:mairi@gaelicbooks.org).

Feumaidh tagraidhean ruighinn **ro 12.00f air Diciadain 8 Iuchar 2020**. Cha tèid beachdachadh air tagraidhean a thig a-steach às dèidh a' chinn-latha.

Cha bhi stuth sam bith a thig a-steach air a thilleadh, mar sin cumaibh lethbhreac dhuibh fhèin.